

# Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

*A special programme, in the form of a “letter”, designed for Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Ruairidh can be contacted at [rodny.macleon@bbc.co.uk](mailto:rodny.macleon@bbc.co.uk). This is Litir 568. Note that there is also a simplified version called An Litir Bheag which is likewise available on the BBC website. Litir Bheag 264 corresponds to Litir 568.*

Mar a bha mi ag ràdh an t-seachdain sa chaidh, bha mi ann an dùthaich nan Sàmi, ann an ceann a tuath na Suain, aig àm na Càisge am-bliadhna. Bha mi a’ sgitheadh tro dhùthaich anns am bi cuid de Shàmi fhathast a’ cumail fèidh-shneachda. Chunnaic mi dà fhiadh a-mhàin. Ach chunnaic mi grunn dhaoine Sàmi air sgutairean-sneachda. **Tha dùil a’ m** gun robh iad a’ coimhead airson fèidh.

Chaidh mi seachad air bailtean anns na beanntan – far nach eil rathad-carbaid sam bith a’ dol – anns am bi Sàmi a’ fuireach aig amannan. Bha taighean ann agus teantaichean anns am bithear a’ smocadh na feòla. Bidh daoine a’ faighinn chun nam bailtean sin sa gheamhradh air sgutairean-sneachda. Tha sin furasta. Chan eil e cho furasta as t-samhradh nuair nach eil sneachd ann.

Air an latha mu dheireadh dhen turas sgithidh agam, thachair mi ri tè Shàmi inntinneach. ’S e Lisa an t-ainm a th’ oirre agus, nuair a thachair mi rithe, bha i a’ còcaireachd *reindeerburgers*! Bha iad blasta cuideachd! Tha taigh-bìdh snog aig an teaghlach aice ri taobh loch – a bha fhathast reòite nuair a bha mise ann. Bha bratach nan Sàmi aca shuas os cionn an dorais.

Bha còmhradh laghach agam le Lisa mu dheidhinn nan Sàmi. Tha deagh Bheurla is Suaineis aice, ach ’s e Sàmais a bhios i a’ bruidhinn san dachaigh. Dh’innis i dhomh mu shuidheachadh an cànan. Tha ceangal làidir aice don àrainneachd. Ach chaidh dìmeas mòr a dhèanamh oirre san ùine a dh’fhalbh. Bha i air a cumail a-mach à foghlam fad dheicheadan. Dh’innis Lisa dhomh gun robh e eadhon an aghaidh an lagh a bhith ga bruidhinn suas chun nan caogadan dhen fhicheadamh linn.

Tha cùisean air atharrachadh – gu ìre. Tha corra sgoil aca a-nise a tha a’ teagasg tro mheadhan na Sàmais agus tha nàdar de phàrlamaid aca ann am baile Khiruna. Ach ’s e dìreach a’ bheag-chuid de Shàmi aig a bheil an cànan an-diugh, eadhon ann an Nirribhidh far a bheil iad nas pailte. Bidh cuid dhen fheadhainn aig a bheil Sàmais a’ bruidhinn Suaineis rin cloinn, seach Sàmais. Agus tha cuid de Shuainich fhathast a’ dèanamh dìmeas air na Sàmi agus air an cànan is cultar. Thuir mi ri Lisa gum biodh i a’ faireachdainn gun robh i aig an taigh ann an Alba!

“Tha thu à Alba?” thuir i. “Tha sin inntinneach.”

“An robh thu ann?” dh’fhaighnich mi.

“Cha robh,” fhreagair i, “ach ’s e uncail m’ athar a thug fèidh-shneachda a dh’Alba iomadh bliadhna air ais.”

“Tha thu a’ ciallachadh Mikel Utzi,” thuir mi, oir bha mi air cluinntinn mu dheidhinn, ged nach robh mi eòlach air. ’S e Sàmi a bh’ ann, às an t-Suain, agus thug e

fèidh-shneachda don Mhonadh Ruadh ann an naoi ceud deug, caogad 's a dhà (1952). Tha an treud ann fhathast. “An dearbh dhuine,” fhreagair i, “an dearbh dhuine.”

Dh'èigh mi air bana-charaid às an Aghaidh Mhòir a bha cuide rium. “Tro bhada seo,” thuirt mi rithe. “Feumaidh tu coinneachadh ris a' bhoireannach seo.” Tha mo bhana-charaid pòsta aig fear a bha ag obair do Mhikel Utzi aig toiseach nan seasgadan. B' e an obair aige buachailleachd nam fiadh-sneachda anns a' Mhonadh Ruadh. Thug mi an dithis bhoireannach còmhla agus, mar a bhiodh dùil, bha còmhradh laghach aca mu fhèidh is sneachd is beanntan.

\* \* \* \* \*

**Faclan na Litreach:** An t-Suain: *Sweden*; rathad-carbaid: *vehicular road*; as t-samhradh: *in summer*; blasta: *tasty*; taigh-bìdh: *restaurant, café*; reòite: *frozen*; Sàmais: *the Sámi language*; Am Monadh Ruadh: *The Cairngorms*; treud: *herd*; buachailleachd: *herding*.

**Abairtean na Litreach:** dùthaich nan Sàmi: *the country of the Sámi*; chunnaic mi dà fhiadh a-mhàin: *I only saw two deer*; sgùtairean-sneachda: *snowmobiles, snow scooters*; teantaichean anns am bithear a' smocadh na feòla: *tents in which the meat is smoked*; an latha mu dheireadh dhen turas sgithidh agam: *the final day of my ski trip*; nuair a thachair mi rithe: *when I met her*; bha bratach nan Sàmi aca shuas os cionn an dorais: *they had the Sámi flag up above the door*; bha còmhradh laghach agam: *I had a nice conversation*; tha ceangal làidir aice don àrainneachd: *it has a strong connection to the environment*; chaidh dìmeas mòr a dhèanamh oirre san ùine a dh'fhalbh: *it was shown great disrespect in past times*; air a cumail a-mach à foghlam fad dheicheadan: *kept out of education for decades*; suas chun nan caogadan dhen fhicheadamh linn: *up until the 1950s*; tha cùisean air atharrachadh – gu ìre: *things have changed – to a degree*; nàdar de phàrlamaid: *a sort of parliament [it has very limited powers]*; eadhon ann an Nirribhidh far a bheil iad nas pailte: *even in Norway where they are more numerous*; a' bruidhinn Suaineis rin cloinn, seach Sàmais: *speaking Swedish to their children, rather than Sámi*; gum biodh i a' faireachdainn gun robh i aig an taigh: *that she'd feel at home*; 's e uncail m' athar a thug fèidh-shneachda a dh'Alba: *it was my father's uncle that took reindeer to Scotland*; bha mi air cluinntinn mu dheidhinn: *I had heard about him*; an dearbh dhuine: *the very man*; dh'èigh mi air bana-charaid às an Aghaidh Mhòir: *I shouted to a friend from Aviemore*; feumaidh tu coinneachadh ris a' bhoireannach seo: *you must meet this woman*; toiseach nan seasgadan: *the start of the (19)60s*.

**Puing-chànain na Litreach:** *Some people might question my use of fiadh-sneachda (lit “snow deer”) for “reindeer”. You will also come across fiadh-mòr (“big deer”), fiadh Lochlannach (“Scandinavian deer”) and rèin-fhiadh (partially borrowed from the English, although the English follows a Norse original). But Dwelly's dictionary gives three other words that I've never heard used casually – fast, tast and bràc, although the last can also mean other species of deer. Dwelly even gives the intriguing example: “Ceud bràc bruaill an t-samhraidh, a hundred reindeer intractable in summer.” I'd love to know where he got that example!*

**Gnathas-cainnt na Litreach:** **Tha dùil a'm:** *I expect (short for tha dùil agam – this contraction is common in speech, and it is legitimate to show it in writing).*

*Tha “Litir do Luchd-ionnsachaidh” air a maoinachadh le MG ALBA*